

---

Unpublished Poems by Alexander MacDonald (Mac Mhaighstir Alastair)(Continued)  
Author(s): Alexander Mac Donald, Alastair Mac Mhaighstir and Professor Mackinnon  
Source: *The Celtic Review*, Vol. 5, No. 20 (Apr., 1909), pp. 294-303  
Stable URL: <http://www.jstor.org/stable/30070179>  
Accessed: 22-06-2016 02:05 UTC

---

Your use of the JSTOR archive indicates your acceptance of the Terms & Conditions of Use, available at  
<http://about.jstor.org/terms>

JSTOR is a not-for-profit service that helps scholars, researchers, and students discover, use, and build upon a wide range of content in a trusted digital archive. We use information technology and tools to increase productivity and facilitate new forms of scholarship. For more information about JSTOR, please contact [support@jstor.org](mailto:support@jstor.org).



is collaborating with JSTOR to digitize, preserve and extend access to *The Celtic Review*

whence Lett. *swīdu*, *swīst*, 'vom anbrechenden Tageslicht, hell werden,' Lith. *svidūs* 'blank,' 'glänzend,' and Lat. *sīdus con-sidero*. See Walde, *Lat. Etym. Wörterbuch*, 139, 571.

713. tonn .i. ard nó caillech.

The first gloss means *a height*: the lemma, when it means 'height,' may come from *tumno* or *\*tumnā*, and be cognate with Lat. *tumeo*, *tumor*, *tumulus*, etc. The second gloss, *caillech*, means 'nun' or 'old woman,' and then the lemma may be borrowed from Prov. *domna*, or Ital. *donna*, with the same provection of *d* that we find in *tesc* from *discus*, *péist* from *béstia*, and *Parthalón* from *Bartholomaeus*. A derivative *tuinne* occurs in the compound *sen-tuinne*. Corm. s. v. prúll.

## UNPUBLISHED POEMS BY ALEXANDER MAC-DONALD (MAC MHAIGHSTIR ALASTAIR)

PROFESSOR MACKINNON

V. *Poems hitherto unpublished.*

(Continued from vol. v. p. 235)

THE following long poem (pp. 177-182) is on the same subject, and equally severe. The first stanza is defective, unless we insert the refrain—'Sid gníomh còmhraig nan Caimbeulach dubh,' as the MS. does in stanzas 2, 3, 4. It is also doubtful whether the piece is complete. The last lines would suggest the conclusion, but the usual 'Finid' is not appended.

Tha Clannach<sup>1</sup> ainmeil  
 An dràst ann an Albainn,  
 Gu'n saoil iad le'n tapadh  
 Gu'n strìochd sinn le'r (n-)armaibh,  
 Air fas 'nam bòcan  
 Le bùrach an suic.

<sup>1</sup> Formed by the author from *clann*, 'clan,' as *fineach*, 'clan,' 'tribe,' from *fine*.

Hoth, hoth ! aig gach aona mhuic,  
 'S a carbad air (s)amhadh ;  
 'S a corr-fhiacail rùisgte  
 Gu cùsanimh [?] bainne.  
 Cha'n 'eil binid no iomadal,  
 No meuragan salach,  
 Nach dean iad a ghiubhladh  
 Mar arrachdas abhail,—  
 O sid gnìomh còmhraig  
 Nan Caimbeulach dubh !

Cha'n 'eil lonaid no taban  
 No clòimh an déis armadh,  
 Nach bi 'm ba'ist nan trustar  
 Dh'ionnsuidh 'm mosaich' a dhearbhadh,  
 Sid gnìomh còmhraig  
 Nan Caimbeulach dubh !  
 Cha'n 'eil spàin gu òl fuaraig  
 No creachuinnean tràghad,  
 Nach bi aca 'ga seòladh  
 Gu buailtean a thràghadh ;—  
 Sid gnìomh còmhraig  
 Nan Caimbeulach dubh !  
 Cha'n 'eil uachdar air miosar  
 Nach dean iad a chràgradh ;  
 Mulchag no measgan,  
 No miodraichean blà'cha,  
 Nach cuir iad 'n am bucaid,  
 Marri pocannan garbhain ;—  
 'S fìor ghràineil an turaraich  
 Thig bho thulchainn na gràisge,  
 Sid gnìomh còmhraig  
 Nan Caimbeulach dubh !

'N uair a theid sibh a chadal,  
 'S 'ur raidsichean *seàrrsta*,  
 Bidh 'ur stamagan ciùrrta,  
 Gus am brùchd air 'ur n-eàrrach,  
 Sid gnìomh còmhraig  
 Nan Caimbeulach dubh !

. . . . .  
 . . . . .  
 . . . . .  
 . . . . .  
 Sid gnìomh còmhraig

Nan Caimbeulach dubh !  
 Tha 'ur camp air fàs mìomhail,  
 'S cha'n fhearr 'ur n-*artiliri*

Druma 'ga *beatadh*,

Cur *ratreut* air . . .

Sid gnìomh còmhraig  
 Nan Caimbeulach dubh !

Ach fuirichidh sibh fhathasd  
 Anns an ionad as còir dhuibh,  
 Anns an fhail uirceinich  
 'Cladhach na h-òtraich,  
 Sid gnìomh còmhraig  
 Nan Caimbeulach dubh !  
 'S na gabhaibh d' ur n-ionnsuidh  
 An cliù nach do thoill sibh ;  
 Mur bhith tapadh Dhiuc Uilleam,  
 Agus Breatunn bhi foill duinn,  
 Cha b' fhearr sibh gu còmhrag,  
 Na siofainn an t-sruth !  
 Ged bha sibh aig Bhulcan,  
 Cha d' rinn e 'ur fadhairt ;  
 'S cha mhò 's ann de'n fhìor chruaidh,  
 A rinn e 'ur taghadh ;  
 Ach de'n fheòdar as buige,  
 'S as measa 's a' mhargadh ;  
 'N uair thig àm a' chruadail,  
 Cha dual da bhi marbh(t)ach,  
 Sid gnìomh còmhraig  
 Nan Caimbeulach dubh !

Mur biodh oirne ri cogadh,  
 Ach luchd chladhaich an òtraich,  
 Gu'n cuireamaid stopadh  
 Air bùrach an sròine,—  
 An armait' each  
 A mhilleadh an suth !  
 Cha bhiodh tromhòr<sup>1</sup> no uircean  
 Nach cuirteadh gu crònan,

---

<sup>1</sup> The word is unknown to me.

'G 'ur sgiùrsadh le lannaibh,  
 Nach faicteadh h-aon beò dhibh,—  
 Bhithinn gle dheònach  
 Ri dol air 'ur muin !  
 Tha mi cho chinnteach  
 'S tha anail ro'm phòraibh,  
 Gu faigh sibh cruaidh-chunntas  
 Fhathasd 'n 'ur dò-bheirt ;  
 Thuirt an sean-fhacal cuimhneach  
 Nach bi maith gun bhi rathail ;  
 'S nach bi olc gun bhi dòghlt',  
 Mu'n tig deireadh an latha,—  
 Guidheam sgrìob namhaid  
 A theachd air 'ur muin !

Luchd nam bial goileasach,  
 Spreilleasach, grànnda,  
 'G a bheil pailteas na foille  
 'G a sgeith anns gach àite,—  
 Sid am pòr abhrasach  
 Ceirtleagach dubh !<sup>1</sup>  
 'Ur *bhòmit*, 'ur puinnsean,  
 A' brùchdadh an àirde ;  
 Gach earra-ghlas bho 'r goile  
 Dh' fhàg deireasach tàintean,—  
 Sid am pòr sanntach  
 Air abhsparaig cruith !<sup>2</sup>  
 Thig toradh air shìol,  
 Mar chuir sibh 'ur n-èarlaid ;  
 Gheibh sibh tuarasdal dùbailt',  
 A réir dùrachd 'ur càirdeis ;  
 Thug de dhùthchas bho'r sinnsridh  
 Bhi sanntach air airgiod ;  
 Bho 's e friamhach gach uile e,  
 Ni gach peacadh a dhearbhadh,  
 Air luchd nan stamagan cabhrach,  
 Nach dean tàir air gnè stuth !

Bidh 'ur *register* lion'or,  
 'G a sgrìobhadh an Albainn ;  
 'S 'ur cuimhneachan salach

<sup>1</sup> The line is quoted in H. S. D. to illustrate the meaning of *abhrasach*, with reference *Oran*. I do not remember seeing it in print.

<sup>2</sup> The line is quoted in H. S. D. to illustrate the meaning of *abhsparag*, with reference *Oran*.

Anns gach *histori* seanachais,—  
 Sid am pòr abhrasach  
 Ceirtleagach dubh !  
 Thig aiceidean cruaidh,  
 'S cha truagh leam 'ur càradh,  
 'N aghaidh luchd nam bial fiar,  
 A bha riamb dhuinn 'n an nàmhaid,—  
 Sid am pòr sanntach  
 Air abhsparaig cruaidh !  
 Bidh sibh cho tàireil  
 'S gu'n dean Pàrlamaid éigheach,  
 Gun triuir (fh)aicinn agaibh,  
 An caraibh a chéile ;  
 Ach mar chéardainnean peasain,  
 Gun onair gun cheutaibh,  
 'G 'ur ruith as gach baile,  
 Gun fhear no bean réidh ruibh,—  
 Ri luchd nan stamagan cabhrach,  
 Nach dean tàir air gnè stuth !  
  
 Luchd nam bial foilleil,  
 'S nan cridheachan cealgach,  
 Chuir eùl rì'r rìgh dligheil,  
 'S rinn 'ur Maighistir aiceadh ;  
 Tairgse suimeannan airgid  
 Dh' fhiach am braitht' e d' a chionn ;  
 Sibh dearbh-bhràithrean Iùdais,  
 'S neo-chliùiteach 'ur bràthair,  
 Ged tha cuimhneachan siorruidh  
 Sios 's a' Bhiob'l air a chàradh,—  
 Chaill e toradh na pàise,  
 Phàigh ar Slàn'fhear d'a chionn ;  
 Ma's e cheumannan peacach,  
 Tha sibhse 'gan leanmhainn ;  
 A' cur neo-choireach laghail  
 An cunnart cuirp agus anma :  
 Bithibh cho chinnteach,  
 'S tha Sgrìobtur 'g a dhearbhadh,  
 Gu'm bi 'ur *sentens* ro phianail,  
 An tigh a' bhreitheamh as àirde,  
 'N uair thig sumanadh bàis oirbh  
 Gu dol a nunn !  
  
 Tha Mhaighdeann 'g 'ur tagradh,  
 Làn acrais stor-innseadh ;  
 'S cha'n fhàgar i toileach,

Gun fheoil mhothlaich nan Guibhneach,—  
 Sid a chlos-chnàmh  
 A th' aic' oirbh a muigh !  
 Tha i eòlach mu'r n-aitim,  
 'S fad o rinn sibh dhith strìopach ;  
 Cha'n 'eil fine measg Ghàidheal,  
 'S fearr ni 'carbaid a lìonadh,  
 Na na shìolaich a nuas  
 Bho shìochd Dhiarmaid an tuire!  
 Tha gearr o chiad bliadhna,  
 Bho rinn sibh rith' pàigheadh,  
 'S 'ur n-ainbheach d' a réir sin  
 A' sìor dhol an àirdead ;  
 Tuitidh eudum nam fiach ud  
 Air fear de shìochd Chailein ;  
 'S bidh colann gun cheann deth,  
 Le carbaid na caile,—  
 Sid an deud teann  
 Tha sanntach air fuil !

Bidh 'ur ceathramhnan deiridh  
 'G an togail an àirde,  
 Cur sàradh 'n ur . . .  
 Le dul nam ball cainbe,—  
 Sid an t-iomartas bàis  
 A thig air 'ur muin !  
 Sibh nach cuirear an duileachd,—  
 Gach aon fhear is beul cam air,  
 A' glaothaich 's a' sgairteachd,  
 . . .  
 'G an tarruing gu teann  
 Le sreang as am bun !  
 Cha bhi bean ann an Latharn'  
 Nach bi basan 'gam bualadh ;  
 Sìor thùirse ri gearan,  
 'Tha m'fhear-tigh' air a ghualadh' ;  
 Tha na sruithean air tionndadh,  
 'S cuibhl' an fhortain 'n 'ur n-aghaidh ;  
 Dh' aindeoin cabhraich no sùgain,  
 Cha bhi sinn eibhneach an deighidh,  
 Gach driodfhartan bàis  
 A thig air 'ur muin !

'S fad o thòisich 'ur puinnsean  
 'S 'ur nàdur mì-rioghail ;

B' fheairrd sibh losgadh an teine  
 Gu fiachainn 'ur gnìomha,  
 Gu glanadh gach glìomh  
 A thàrmaich 'n 'ur fuil !  
 Bidh 'ur purgadair soilleir  
 Air faobhar nan clàidh'ean,  
 'G 'ur sgiùrsadh le lannaibh,  
 G'ur àir air a phràbar,—  
 Gach aon fhear 's a' charbad,  
 'S car cam ann gu bhun !

. . . . . ri<sup>1</sup>  
 Air a rìgh le dòlas ;  
 'Ur coguis 'g 'ur n-agradh  
 Anns na rinn sibh de dhò-bheirt ;

. . . . .<sup>2</sup>  
 'N 'ur cù no 'n 'ur n-each sibh ;  
 Air mhodh 's nach biodh cùnntas,  
 Oirbh ri thoirt seachad,  
 'N uair thig turaraich a' bhàis  
 Le spàirn air 'ur muin !

'Nuair gheibh sibh 'ur *charters*,  
 Air 'ur leapannan caoile ;  
 'Ur tiomn' air a sgrìobhadh,  
 'S 'ur carcas aig daolan,  
 Chi sibh suimeannan airgid  
 'N a dhiomhanas dubh !  
 An saoghal gu h-uile,  
 'S gach maoin tha air uachdar,  
 'G a fhàgail 'n 'ur deighidh,  
 Ach tri bòrdain mu'n cuairt dibh,  
 'S aon léine chaol fhuar  
 Air a fuaigheal mu'r smuig !  
 Bidh am baigear as bochda  
 Tha 'g iarraidh na déirce,  
 Cho saobhir a dh' fhearann,  
 'S cho pailt ruibh a dh' eudach :  
 'S olc a dh' éirich do'n phràbar,  
 Chaill iad rompa 's 'n an deighidh ;  
 Gus an teid càmbhal tro' shnàthaid,  
 Cha tig eibhneas an deighidh  
 Gach traoitearachd ghràineil,  
 A thàrmaich 'n a tuil !

---

<sup>1</sup> MS. defective.

<sup>2</sup> MS. illegible.



The following verses, the last in the MS., occupy pp. 183-4. At the end of the eighth verse 'Finid' is written and afterwards deleted, while the succeeding four verses are added. The concluding verse seems to close the poem, although the usual 'Finid' is not appended. The reader will not fail to observe that this piece differs in conception and expression from the poet's well-known manner. Macdonald, so far as known, was not much of a sportsman, nor could he be charged with being over-sentimental. Besides, it will not be forgotten that the poet published under his own hand, in 1751, two pieces, *Oran air Sean Aois* and *Caraid is Nàmhaid an Uisge-bheatha*, which have been claimed, on good authority, as the composition of Iain MacCodrum. It will be allowed, I believe, by every competent judge, that all the poems in the MS., with the possible exception of this last one, could have been written by none other than *Mac Mhaighstir Alastair*.

Och, 's och, och mi féin !  
 Smaoineachadh air luchd ar cleas ;  
 Cha teid mi dh' fhireach no shealg,  
 Cha mharbhas earba nam preas.  
 Damh cròice cha dean mi leòn,  
 Bidh sinne fo bhròn am feasd ;  
 Bata mar bhaigear 'n ar dòrn,  
 Cochull còt oirnn, 's beag a mheas.

Cha b'ionann 's ar breacan rìomhach,  
 B' fhinealta sgèimh agus snuadh ;  
 Crios ùr de leathair an fhéidh oirnn,  
 'G a chàradh an éileadh cuaich ;  
 Chumadh e ar n-airm bho mheirgeadh,  
 Fùdar cha bhàidhteadh 's a' chluais ;  
 Bhiodh e ullamb, ealamh, gleusda,  
 Dh' ionnsuidh gach feum a bhiodh bhuainn.

Smeoraichean air bharruibh gheug,  
 'G atharrachadh theudan ciùil ;  
 Sid mo cheòl an éirigh gréin',  
 Boc a' réiceil os mo chionn ;  
 Coilich air bharruibh nan cnocan,  
 'S an urbaill paisgte 'na chuaich,  
 (Mala) dhearg an eòin bu duibhe  
 Cur siubhail fo m' aighear su(as).

. . . <sup>1</sup>breac-iteach, ceòl-bhinn,  
 Na h-eòin bhòidheach air bhàrr chraobh ;  
 . . . <sup>2</sup>(b)agonta, cruinn, beìtir,  
 Air bhàrr phreas a' seinn gach ciùil ;  
 Iad fhéin a' freagairt a chéile,  
 Le *notaichean* éibhinn caomh,  
 Rifeid gun tùchan, gun sgreadan,  
 Aig gach feadaig a b' àrd gl(aodh).

Cò thàirneas sinne gu caòl,  
 No gu sòlas mòr na seilg,  
 Gun umainn ach cochuil chraicinn,  
 'S brìgis lachdunn suas gu 'r ma . . . <sup>3</sup>  
 'S éigin fuireach aig a' bhaile,  
 'N comunn bhan, ge cruaidh an càs ;  
 Nionagan a' bùrd gu diomhair,  
 Ciallachadh nach fiach ar stà.

Gu'm b' e sid mo dhusgadh cadaìl,  
 Air leabaidh shocair 's an fhraoch,  
 Boladh na meala mu'n cuairt domh,  
 'S mì suainte suas air mo thaobh ;  
 Mo bhreacan fodham is tharam,  
 'G am chumail bho fhuachd . . . <sup>3</sup>  
 'S tu bhiodh eadar mì 's gach cruadal,  
 'S truagh an diugh thu bhi do m' dh . . . <sup>3</sup>

Nis bho chaill sinn geall na coille,  
 Geall na beinne, langan féi(dh),  
 Cha teich sinn air astar fada,  
 Bho chòmhrag (fh)raoch (?) dheirg is dhuinn ;  
 Gun umainn ach brìgis lachdunn  
 Cochull a' slachdraich m' ar druim,  
 Call mor bha spòrs na h-abhann  
 Drathais chlàimh suas gu 'r d . . . <sup>3</sup>

'S i so an ao(na) bhliadhna chòrr,  
 Tha Tomas ag innseadh gu beachd ;  
 Gu faigh sinn coinne gu leòir,  
 Biomaid beò an dòchas rag ;  
 Fuasglamaid sinn fhìn bho dhraoidheachd,  
 'S bho gach geas 's a bheil sinn paisgt' ;  
 'S thugamaid a dheòin no 'r éigin,  
 Ar cliù 's ar ceutaibh air n-ais.

<sup>1</sup> MS. defective.

<sup>2</sup> MS. illegible.

<sup>3</sup> MS. frayed at the edge and illegible.

Tha mi 'n diugh gun ruith gun leum ;  
 Tha mo chéile bhuam air chall ;  
 Nic Suain mhaiseach t' ainm baistidh,  
 Dh' fhuir'eadh agam, falbh 's an tàmh ;  
 'S ged a rachainn fad' air astar,  
 'S tu leanadh riumsa teann ;  
 Gur tu nach deanadh mo dhìobradh.  
 'Shneachda no dhìle bhiodh ann.

Tha còrr is da fhichead bliadhna,  
 Bho rinn sinn ar snaim a chur ;  
 Cha chualas droch fhacal riamh bhuit,  
 Aon mhì-mhodh gu'n tugainn duit ;  
 Ged a cheangladh thu le iallaibh,  
 'S ged a tholladh thu le bruid,  
 Bhiodh tusa cho seang ri maighdinn  
 Cur fàsaidh air cliabh mo chuirp.

Shiùbhlainn leat ìosal is àrd,  
 Mullach bheann is bàrr nan enoc,  
 Faoin-ghlinn nan glacagan tlàth,  
 Creachainn firich 's coille dhos ;  
 'Nuair a thigeadh oirnn an oidhche,  
 Thearnamaid 's an fhraoch gu clos ;  
 Mo bhreacan suainte mu'm chom,  
 Cadal trom is éirigh moch.

Còta goirid 's osan gearr,  
 'S éileadh air a chàradh deas ;  
 Bhiodh sid aig uaislean na h-Albann,  
 Aig Rìgh Robert bu mhòr meas :  
 Ge b'e theireadh anns an àm sin,  
 Gun iad a bhi ann am feasd,  
 'S neonach leam nach buailte' meall air,  
 Air Sasunn mheallta nan cleas.

If it cannot be maintained that some of these poems add to the fame of the great Jacobite bard, this much at least will be allowed, that no future editor of Mac Mhaighstir Alastair can afford to neglect the interesting and valuable MS. whose contents have now been printed for the first time.